

TIONNSGAIN CARTHANNAIS

Thar nan 30 mu dheireadh tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith lèirsinneach a thaobh a bhith ag aithneachadh feumalachd carthannais agus a' stèidheachadh agus a' cur air adhart bhuidhnean carthannais airson coinneachadh ris an fheumalachd. Bho thòisich Urras a' Phrionnsa meadhan nan 1970an, tha an ùidh a tha aige ann an carthannas air fàs chun na h-ìre gu bheil na 16 prìomh bhuidhnean carthannais a' riochdachadh, mar bhuidheann, an tionnsgain carthannais ioma-adhbhair as motha san Rìoghachd Aonaichte.

Tha na buidhnean carthannais a' nochdadh lèirsinn a' phrionnsa sa cheann fhada agus tha iad còmhla a' feuchainn ri cuideachadh ann an raointean le feumalachdan nach robh roimhe air an còmhach. Tha an obair aca cho mòr 's gun robh Buidhnean Carthannais a' Phrionnsa a' cur feum air cuideachadh bho A Mhòrachd Rìoghail ann an 2004-05, gu dìreach no gu neo-dhìreach, ann a bhith a' togail mu £109 millean gus taic a chur ris an obair aca.

£109 MILLEAN AIRSON CARTHANNAS

Mar neach-tionnsgain carthannais, 's iongantach mura h-ann airson Urras a' Phrionnsa a stèidheachadh as ainmeile a tha Prionnsa na Cuimrigh. Tha am buidheann carthannais seo a' cuideachadh òigridh gu bhith a' faighinn thairis air cnapan-starra a tha romhpa mus soirbhich leotha nam beatha. 'S e an t-Urras a-nis am buidheann carthannais as motha san rìoghachd do dh'òigridh. Ann an iomadh dòigh, tha dòigh-obrach A Mhòrachd Rìoghail a thaobh tionnsgain carthannais na mhodail airson na h-obrach. Tha e an toiseach a' comharrachadh feumalachd, tha e an uair sin a' stèidheachadh buidheann carthannais a lìonas am beàrn mus tèid e air adhart gu bhith a' cumail sùil air an ro-innleachd agus an stiùireadh agus a' togail airgid airson taic a thoirt dhan obair.

Bho chaidh Urras a' Phrionnsa a stèidheachadh ann an 1976, tha A Mhòrachd Rìoghail an dara cuid air 16 buidhnean a stèidheachadh no air a dhol na Cheann-suidhe orra. Tha iad sin a' cur cuideam air raointean a tha aig cridhe dòigh-beatha nan daoine: taighean is coimhearsnachdan, slàinte, foghlam, obair, an àrainneachd agus na h-ealain.

Tha an obair aca a' còmhach eadar àrainneachd fhallain agus a' cur air adhart dleastanas sòisealta agus àrainneachdail am measg cheannardan gnìomhachais an t-saoghail. A bharrachd air na prìomh bhuidhnean obrachaidh, tha dà bhuidheann carthannais maoineachaidh ann. 'S iad sin UK Charitable Foundation agus US Foundation agus tha Oifis Prionnsa na Cuimrigh gan stiùireadh le chèile. Tha Prionnsa na Cuimrigh a' toirt taic dha na buidhnean carthannais bho na h-urranas carthannais aige agus gu h-àraidh bho Duchy Originals. Seo fear dhe na prìomh chompanaidhean ann am Breatainn airson biadh is deoch organaig agus nàdarra. Tha Duchy Originals a' toirt na prothaid gu lèir dhan UK Charitable Foundation.

Ged a tha na buidhnean carthannais gu lèir neo-eisimeileach le bùird-stiùiridh fa leth, tha iad air a bhith ag obrachadh còmhla gu dlùth airson brath a ghabhail air ceanglaichean coitcheann agus airson obrachadh còmhla gu math nan coimhearsnachdan a tha iad a' frithealadh. Thar na bliadhna a chaidh seachad, tha àrd-sgioba gach 16 buidheann carthannais air tighinn còmhla fo sgèith Oifis nam Buidheann Carthannais a tha air

ùr stèidheachadh. Os a chionn tha Sir Tom Shebbeare, agus bidh iad ag obair còmhla air cùisean mar stiùireadh companaidh, togail airgid, planadh agus conaltradh.

Tha na buidhnean carthannais air gabhail ri modh giùlain soar-thoileach co-cheangailte ri na cùisean sin. Tha iad cuideach air gabhail ri ainm buidhne, Buidhnean Carthannais a' Phrionnsa no The Prince's Charities. Tha iad air an t-amas coitcheann aca a chur an cèill (faic duilleag 52). Tha oifis nam Buidhnean Carthannais cuideachd ag obair air tionnsgnaidhean ùra mar Tionnsgnadh Urras a' Phrionnsa sna h-Ìnnseachan, agus leasachadh iomairtean a tha a' dol mu thràth mar Sgoil Shamhraidh an Fhoghlaim.

A bharrachd air na prìomh bhuidhnean carthannais, tha am Prionnsa cuideachd na Cheann-suidhe no na Neach-taic air 352 buidheann carthannais eile sa bheil ùidh aige.



IOMAIRT SNA H-ÌNNSEACHAN

RÈ TURAS OIFIGEIL PRIONNSA NA CUIMRIGH SNA H-ÌNNSEACHAN SAN FHOGHAR 2003 (GU H-ÌSEAL), CHOINNICH A MHÒRACHD RÌOGHAIL RI GRUNNAN DE BHUIDHNEAN SAOR-THOILEACH AGUS CHÒRD AN OBAIR ACA RIS. THUG IAD UIREAD DE BHUAIDH AIR 'S GUN ROBH E AIRSON LEASACHADH NA BU MHOThA A THOIRT ORRA AN DÈIDH DHA TILLEADH A THAOBH MAOINEACHADH AGUS TAIC PHRATAIGEACH.

AIR SGÀTH SEO CHAIDH TIONNSGAIN A' PHRIONNSA SNA H-ÌNNSEACHAN A STÈIDHEACHADH. THA AM PRÒISEACT SEO A' CÒMHDACH BHUIDHNEAN A THA AG OBAIR ANN AN RAOINTEAN EADAR-DHEALAICHTE – UISGE AGUS CÙRAM SLAINTE, DUALCHAS, SGILEAN CEÀIRD AGUS PLANADH COIMHEARSNACHD, AGUS TIONNSGAIN ÒIGRIDH – ACH LE AMASAN IS FEALLSANACHD A THA COLTACH RI CHÈILE. THA NA BUIDHNEAN SIN GU LÈIR AIRSON PRÒISEACTAN A STÈIDHEACHADH AGUS A STIÙIREADH AIRSON LEASACHADH SEASMHACH – A' BHUNAIT AIR AN TIG FÌOR LEASACHADH ANN AN COR-BEATHA.

THA IAD UILE A' CUR CUIDEAM AIR TAIC NA COIMHEARSNACHD AGUS DLÙTH OBRACHADH CÒMHLA RI DAOINE LE FEUMALACHDAN AGUS NACH D' FHUAIR MÒRAN CHOTHROMAN. MA THA DAOINE AIR PÀIRT A GHABHAIL GU H-IONADAIL ANN AN IOMAIRTEAN SOIRBHEACHAIL, BHEIR E DHAIBH FÈIN-MHISNEACHD AGUS BIDH TOIL ACA A BHITH SOIRBHEACHAIL. AIR AN DÙTHAICH, FAR A BHEIL E DOIRBH A BHITH BEÒ BHO LATHA GU LATHA, FAODAIH PRÒISEACTAN IONADAIL SGÌRE ATH-NUADHACHADH AGUS FÌOR LEASACHADH A THOIRT AIR AM BEATHA BHO LATHA GU LATHA.

THA NA BUIDHNEAN SEO CUIDEACHD AIRSON FEUM A DHÉANAMH DHE NA RUDAN A TH' ANN MU THRÀTH AGUS EÒLAS IS DUALCHAS NAN ÌNNSEACHAN A CHLEACHDADH GUS A DHOL AN SÁS SNA DUILGHEADASAN ACA. LEIS AN DÒIGH OBRACH SEO, THA PRÒISEACTAN FA LETH NAS BUAILTICHE MAIREACHDAINN SA CHEANN FHADA GUN IAD A BHITH A' CUR FEUM AIR TAIC A BHARRACHD.

THA PRIONNSA NA CUIMRIGH AN DÒCHAS GUN TOG AN IOMAIRT AIGE SNA H-ÌNNSEACHAN AIR AN TURAS AIGE, AN ÙIDH MHÒR A THA AIGE SAN DÙTHAICH AGUS AN OBAIR AIGE AN LÙIB BHUIDHNEAN CARTHANNAIS. ANN AN IOMADH DÒIGH THA OBAIR IS FEALLSANACHD NAM BUIDHNEAN COM-PÀIRTEACHAIDH COLTACH RI BUIDHNEAN CARTHANNAIS A' PHRIONNS FHEIN MAR URRAS A' PHRIONNS. THA NA DHÀ DHIUBH A' TOIRT TAIC DO DHAOINE LE FEUMALACHDAN NACH FHAIGHEADH CÀIL AIR DHÒIGH SAM BITH EILE AGUS THA IAD NAM FÌOR THASGADH AIRSON AN ÀM RI TEACHD.

COTHROM AGUS IOMAIRT

'S e Urras a' Phrionnsa am buidheann carthannais as sine agus as ainmeile a tha aig A Mhòrachd Rìoghail. Stèidhich e am buidheann seo ann an 1976 leis a' phàigheadh crìochnachaidh de £7,400 a fhuair e nuair a dh'fhàg e a' Chabhlach Rìoghail. Tha am buidheann ag amas air òigridh 14 is 30 na than an comas a choileanadh agus am beatha atharrachadh le bhith a' toirt dhaibh taic a tha a' gabhail a-steach trèanadh, treòrachadh agus taic airgid. Tha an t-Urras ag oidhirpeachadh cuideachadh a thoirt do dh'fheadhainn aig an robh duilgheadas san sgoil, a bha ann an cùram, a bha ann an trioblaid leis an lagh no a tha gun obair fad ùine.

Mas e amas Urras a' Phrionnsa òigridh a chuideachadh a tha glè thrice gun àite eile dhan tèid airson taic, tha Program a' Ghnìomhachais, a tha a' toirt maoin agus taic do chompanaidhean a tha a' tòiseachadh, na dheagh eisimpleir air mar a nì am buidheann carthannais eadar-dhealachadh ann am beatha duine agus mar a dh'fhaodas e bhith na bhuannachd dhan choimhearsnachd gu lèir. An-uiridh bha bliadhna air fhichead bho thòisich am program. Bho 1983 tha còrr is 60,000 neach òg air gnìomhachas a stèidheachadh le taic an Urrais agus chaidh 100,000 obair ùr a chruthachadh.

Chaidh an 21mh ceann-bliadhna a chomharrachadh le tachartasan agus taisbeanaidhean gus aithne a thoirt dha na choilean an fheadhainn a thòisich gnìomhachasan le cuideachadh bhon Urras. Thàinig cùisean gu ceann le co-labhairt "Enterprise 21" san t-Samhain. Bha A Mhòrachd Rìoghail agus Mgr Gòrdan Mac Ille Dhuinn an làthair. Ann an òraid aig a' cho-labhairt huirt Mgr Mac Ille Dhuinn: "Tha am meudachadh anns an àireamh de dhaoine a tha ag obair air an ceann fhèin, am meudachadh as luaithe a bha ann riamh, mar thoradh, ann an dòigh nach beag, air brosnachadh Urras a' Phrionnsa."

Sa Ghearran 2005 bha na Celebrate Success Awards ann an Taigh-cluiche an Lyceum ann an Lunnainn. Bha na duaisean seo a' cur aithne air na choilean an òigridh a fhuair cuideachadh agus airson taing a thoirt do luchd-obrach an Urrais, luchd-obrach soar-thoileach agus buidhnean com-pàirteachaidh airson taic thar nam bliadhnachan.

B' e Jaspaul Shemaar fear dhen fheadhainn a fhuair dhan chuairt dheireannaich. Chuir e faireachdainn mòran an cèill nuair a thuirt e: "Bha mi a' faireachdainn math dìreach a bhith an sin, is le fios gun d'fhuair mi cho fada. Mura b'e gun do thòisich mi aig Urras a' Phrionnsa, chan eil fios agam càite bhithinn' às aonais. Dh'fhaodainn a bhith anns a' phrìosan a-rithist no marbh. Sheall e dhomh gun robh tòrr ann am beatha a bharrachd air drugaichean is eucoir. Fhuair mi m' adhbhar-brosnachaidh is mo fhèin-meas a-rithist."

Chuir an t-Urras iomairt ùr air chois sa Ghiblean 2004 nuair a chum Urras a' Phrionnsa Fèis Chiùil Bailteil ann an Earls Court ann an Lunnainn. Le bhith a' cleachdadh na buaidh mhòir a tha aig a' cheòl, tha an fhèis ag amas air ruighinn air an òigridh as dorra faighinn thuca ann am Breatainn agus a' sealltainn gach dòigh dearbhach a th' ann air soirbheachadh tro gnìomhachas a' chiùil seo.

" Just being there and getting that far made me feel good enough. If I hadn't started at The Prince's Trust I don't know where I would be now. I could be back in prison or dead. It showed me there was more to life than drugs and crime. I've got my motivation and self-respect back."

Jaspaul Shemaar, 2005

Ann an 2004 chan e a-mhàin gun robh buidhnean ainmeil an làthair mar Dizzee Rascal, Jamelia agus Beyonce, thug e cuideachd cothrom do thàlant ùr cluich. Le sreath de dh'oidheannan airson tàlant ùr, thug an t-Urras cothrom do bhuidhnean ùra air feadh Bhreatainn cluich air àrd-ùrlar a bharrachd air buidheann de dh'òigridh a bha an sàs anns a' program Sound Live aca fhèin. 'S e program shia mìosan a tha seo a tha a' leasachadh tàlantan ciùil na h-òigridh a bharrachd air fèin-mhisneachd agus sgilean.

An dèidh coinneachadh ris a' Phrionnsa, thuir an seinneadair hip-hop Jay-Z à Ameireaga agus am prìomh sheinneadair aig a' chuirm: "S e fìor deagh rud a tha ann, gu bheil cuideigin aig a bheil dreuchd cho àrd a' cuideachadh dheugairean, is a' toirt cothrom as ùr dhaibh. Bha mise nam bhalach ann an àite borh. Nan robh rudeigin coltach ri Urras a' Phrionnsa ann, bhithinn air a chleachdadh."

Bho 1998, tha miann A Mhòrachd Rìoghail airson cothrom a thoirt dhan òigridh agus taic a thoirt do ghnìomhachas òigridh air leudachadh gu ginealaich nas sine tron bhuidheann carthannais PRIME (The Prince's Initiative for Mature Enterprise). Seo an aon bhuidheann san rìoghachd a tha a' cuideachadh dhaoine nas sine na 50 gnìomhachas a stèidheachadh. Anns na seachd bliadhna bho thòisich e, tha PRIME air comhairle agus iasadan a thoirt do chòrr is 5,000 neach.

Aig cuirm ann an Lunnain san t-Samhain seo chaidh, choinnich am Prionnsa ri cuid dhen fheadhainn dhan tug PRIME taic. Nam measg bha Owen MacThòmais, aois 72, am fear as sine a fhuair taic. Chleachd Mgr MacThòmais a bhith na thidsear agus na cheannaiche bhall-àrsaidh. Stèidhich e companaidh comhairleachaidh, Seadacs, le iasad £4,000 bho PhRIME. Tha e a-nis a' toirt comhairle do Bhiùro Comhairleachaidh a' Phobaill, comhairlean agus buidhnean eile air iomadh cuspair.

Thuir Mgr MacThòmais gun do stèidhich e an companaidh seach gun robh e a' faireachdainn gun robh an t-uabhas eòlais aige a dh'fhaodadh e thoirt do dhaoine eile. "Bhiodh e na cheall-shlad a bhith a' leigeil seachad mo dhreuchd is fois a ghabhail a' feitheamh ri Dia," thuir e.

AM PROGRAM 'GABH ANN'



AN DÈIDH DO GHARY MACTHÒMAIS (AIR AN LÀIMH DHEIS) GLUASAD A BHREATAINN ANN AN 2001 À IAMAICA, BHA E DOIRBH DHA FÀS CLEACHDTE RI BHEATHA ANN AM BREATAINN. BHA E DOIRBH DHA OBAIR A LORG AIR SGÀTH CION EÒLAIS. CHUALA E MU NA PROGRAMAN 'GABH ANN' AIG URRAS A' PHRIONNSA A THA A' TAIRGSE EÒLAS OBRACH AGUS TAIC GUS SGILEAN PRATAIGEACH A LEASACHADH AIRSON GUM BI COTHROMAN OBRACH NAS FHEÀRR AIG DAOINE. GHABH GARY PÀIRT SA CHÙRSA GET INTO COFFEE. THUG SEO DHA NA SGILEAN GU LÈIR A BHA DHÌTH AIR AIRSON A BHITH NA BHARISTA (NEACH EÒLACH AIR A BHITH A' DÉANAMH COFAIDH ESPRESSO). AN DÈIDH SOIRBHEACHADH LEIS AN GEAMA, THA GARY A-NIS LÀN MISNEACHD MUN ÀM RI TEACHD. "ÀS DÈIDH A' CHÙRSA, FHUAIR MI OBAIR AIG CAFFÉ NERO, IS AN UAIR SIN AIG CARLUCCIO'S IS THA MI A-NIS AG OBAIR AIG GAGGIA, IS THA E A' CÒRDADH RIUM GU MÒR. THA MI A' DOL A CHUMAIL ORM AG OBAIR IS A' TOGAIL M' EÒLAIS. AON LATHA, BU TOIL LEAM GNÌOMHACHAS AGAM FHÈIN A CHUR AIR DÒIGH."

SLÀINTE

Tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith an sàs airson ùine fhada ann an àireamh mhòr de dhiofar bhuidhnean cùram slàinte agus e a' cuideachadh le taic phearsanta, taic-airgid agus le bhith a' tadhal gu tric air ospadalan agus taighean do dhaoine a tha tinn. Aig cridhe a dhòigh-dèiligidh le gnothaichean slàinte tha cùram-slàinte aonaichte mar bhun-bheachd- siostam far am faigh euslaintich cothrom air taghadh farsaing de chùraman agus dòighean-leighis air leth a bharrachd air leasachadh lèigheil gnàthach agus na h-euslaintich air an dìon le àrainneachd riaghlaidh a tha ciallach agus le taic fhreagarrach Seirbheis Nàiseanta na Slàinte.

Chaidh am Foundation for Integrated Health (FIH) aig Prionnsa na Cuimrigh a stèidheachadh naoi bliadhna air ais airson cuideachadh gus dòighean leasachaidh lèigheil sàbhailte, èifeachdach agus comasach a thoirt do dh' euslaintich le bhith a' toirt taic gu adhartachadh agus libhrigeadh cùram slàinte aonaichte gu sònraichte le bhith a' brosnachadh luchd-obrach lèigheil gnàthach agus eile gu bhith ag obair còmhla.

'S e fear de phrìomh amasan an FIH piseach a thoirt air an fhiosrachadh a gheibh euslaintich gus cothrom a thoirt dhaibh roghainnean nas fheàrr a dhèanamh, agus sin as adhbhar gum b' e fear de leasachaidhean cudthromach 2004-05, iùl a chaidh a chur air bhog sa Ghearran airson euslaintich mu dhòighean cùram slàinte air leth. Pàirt-maoinichte le Roinn na Slàinte, bidh an t-iùl a' toirt seachad fiosrachadh practigeach do dhaoine agus an àireamh de dhaoine a bhios a' frithealadh cùram slàinte air leth a' dol am meud.

Tha an leabhran-iùil anns a bheil 50 duilleag ag innse mu 16 de na dòighean cùraim air leth as bitheanta agus agupuntair, leasachadh le fàileadh agus leigheas luibheanach. Tha e a' dèanamh liosta de rabhaidhean agus rudan a bu chòir a bhith air aire dhaoine mus tòisich iad air leasachadh sam bith agus tha e cuideachd ag innse mu thobraichean fiosrachaidh a bharrachd a' gabhail a-steach feadhainn air an eadar-lìon. Tha an leabhran a' cur cuideam air cho cudthromach sa tha e gum bruidhinn euslaintich air leasachadh lèigheil air leth sam bith leis an dotairean teaghlaich aca.

Bha cothrom aig A Mhòrachd Rìoghail cuid de na leasachaidhean seo fhaicinn air an cleachdadh nuair a thadhail e air Blackthorn Medical Centre a choisinn duaisean ann am Maidstone, Kent, san t-Samhain far an do choinnich e ri euslaintich a bha a' faighinn buannachd às an dòigh-dèiligidh aonaichte aig an ionad. Bidh an t-ionad, a bhuannaich duais an FIH airson Cùram Slàinte Aonaichte agus a bhios a' faicinn mu 400 euslainteach sa bhliadhna, ag obair gu dlùth le dotairean teaghlaich NHS na sgìre agus ceanglaichean làidir aig an ionad leis a' choimhearsnachd ionadail agus seirbheisean sòisealta.

Mar phàirt den turas aig a' Phrionnsa choinnich e ri Christine Armitage, à Ightham, Kent a bha air a bhith a' tadhal air an ionad airson cha mhòr bliadhna bho chaidh a dhearbhadh gun robh aillse bhroillich aice. Thuirt a' Bh. Ph. Armitage gun robh Ospadal Maidstone air a bhith a' toirt leigheas gnàthach dhi ach gun robh am Blackthorn Medical Centre a' dèiligeadh ri buaidh a' ghalair air a h-inntinn. Mhìnich i: " Bha feum agam air cuideachadh a bharrachd gus cumail a' dol. Cho luath 's a choisich mi a-steach an seo dh'fhairich mi gun robh e ceart. Bu chòir barrachd àiteachan mar seo a bhith air feadh na dùthcha dhan tèid daoine."



Am Prionnsa agus luchd-obrach ri fealla-dhà air tadhal gus am Breast Centre, stèidhichte aig Ospadal Baile Nottingham fhosgladh.
Taig do Artair Edwards

Bha obair le carthannas aillse riamh am measg nan rudan a bha a' faighinn prìomhachas le a Mhòrachd Rìoghail, agus an-uiridh bha e an sàs ann an caochladh thachartasan san iomairt seo, nam measg a bhith na fhear an taighe aig dinnear airson Bristol Cancer Help Centre agus fàilteachadh airson Marie Curie Cancer Care (dà bhuidheann cathrannais air a bheil Am Prionnsa na phàtran), cuireadh a thoirt do bhuidheann de chloinn air a bheil aillse à Ospadal Llandough ann an Cardiff, ann an taobh a deas na Cuimrigh, a thigheinn còmhla ris agus Bana-dhiùc na Còirn gu pàrtaidh teatha na Nollaig aig Taigh Clarence.

B' e an t-òraid a thug a Mhòrachd Rìoghail seachad san Ògmhios 2004 fear de thachartasan sònraichte na bliadhna agus e aig co-labhairt aillse a chaidh a chur air chois le còig buidhnean cathrannais mòra agus am FIH nam measg. A' bruidhinn ri còrr is 200 neach-proifeiseanta cùraim slàinte, luchd-rannsachaidh, agus riochdairean an riaghaltais aig an Royal College of Obstetricians and Gynaecologists, thuirt Am Prionnsa gun robh rannsachadh ùr a' nochdadh gum bi 80 sa cheud de dh' euslaintich aillse a' feuchainn dòighean leigheis air leth uaireigin an dèidh dhaibh dearbhadh fhaighinn gu bheil aillse aca.

"Nam bheachdsa feumaidh sinn barrachd ùine agus goireasan a chur gu aon taobh airson rannsachadh agus leasachadh dòighean-dèiligidh aonaichte ann an cùram slàinte," thuirt e. "Feumaidh sinn rannsachadh a chur air dòigh a choimheadas air buannachdan dòighean leigheis air leth agus a bheir sùil aig an aon àm air na tha euslaintich a' cleachdadh an-diugh."



Am Prionnsa a' feuchainn innealan-ciùil aig Blackthorn Medical Centre, Kent, far an do dh' fhosgail e ionad slàinte aonaichte ùr.
Taing do Artair Edwards

A' CUR ÌREAN-TOMHAIS AIR CHOIS

SAN DÙBHLACHD CHUIR ROINN NA SLÀINTE AN CÈILL GUN ROBH I A' TOIRT SEACHAD GRANT DE £900,000 DHAN FOUNDATION FOR INTEGRATED HEALTH AIG PRIONNSA NA CUIMRIGH GUS TAIC A THOIRT DHA ANN A BHITH A' CUR ÌREAN-TOMHAIS AIR CHOIS ANN AN DÒIGHEAN CÙRAIM SLÀINTE AIR LETH. CUIRIDH AN T-AIRGEAD RI RANNSACHADH A NÌ CINNTEACH GUM FAIGH AM POBALL LUCHD-LEIGHIS A THA SÀBHAILTE AGUS COMASACH AGUS AIR AN RIAGHLADH.

AN-DRÀSTA THA MU 47, 000 NEACH SAN RÌOGHACHD AONAICHTE A THA TOIRT SEACHAD DÒIGHEAN LEIGHEIS AIR LETH AGUS TÒRR DHIUBH SIN GUN RIAGHLADH SAM BITH. THUIRT JONATHAN COE, CEANNARD PREVENTION OF PROFESSIONAL ABUSE NETWORK, GUN ROBH TAIC-AIRGID AN RIAGHALTAIS NA DHEAGH NAIDHEACHD AN DÀ CHUID DHAN PHOBALL AGUS LUCHD-OBACH. THUIRT E : 'S E AM FOUNDATION FOR INTEGRATED HEALTH AN AON BHUIDHEANN AS CUDTHROMAICHE ANN A BHITH A' LEASACHADH DHÒIGHEAN-DÈILIGIDH CEART ANN AN LEIGHEAS AIR LETH GUS DÌON A CHUR AIR A' PHOBALL. BIDH GRANT NA ROINNE A' CIALLACHADH GUN TÈID ADHARTAS A DHÉANAMH A DH' IONNSAIGH RIAGHLADH ÈIFEACHDACH A HLÉIDHEADH."

THUIRT STEVE CATLING, A THA OS CIONN ÌREAN-TOMHAIS PROIFEISEANTA AGUS PEINNSEIN AIG ROINN NA SLÀINTE AIG NAIDHEACHD NA DUAIS GUN DO CHUIR AM FIH MU THRÀTH RI LEASACHADH RIAGHLADH PROIFEISEANTA NA B' FHEÀRR. THUIRT E CUIDEACHD: " THA E FÀS NAS CUDTHROMAICHE 'S NAS CUDTHROMAICHE GUM FAOD EARBASA A BHITH AIG DAOINE ANNS NA DAOINE A THA TOIRT CÙRAM SLÀINTE DHAIBH AGUS ANNS NA BUIDHNEAN BHIOS GAN TRÉANADH, GAN CEADACHADH AGUS GAN RIAGHLADH".

FOGHLAM

Tha dà phrìomh amas ann am beatha-obrach Prionnsa na Cuimrigh– gus cuideachadh a thoirt do dhaoine òga dèanamh cho math 's as urrainn dhaibh agus a bhith a' cur air adhart tasgadh anns na tha ri thighinn airson na dùthcha. Bidh an dà amas sin a' tighinn còmhla anns an taic a bhios e toirt gu leasachaidhean agus cothroman foghlaim san Rìoghachd Aonaichte. Tha an taic seo follaiseach ann an iomadh buidheann cathrannais a Mhòrachd Rìoghail agus nam measg Sgoil Tarraing Dhealbhan a' Phrionnsa agus, Sgoil Ealain Traidiseanta a' Phrionnsa, Urras a' Phrionnsa, Ealan & Gniomhachas agus Ealan & Clann. Tha e follaiseach cuideachd na bhallrachd bheatha den Lìonradh Nàiseanta de Cheannardan Sgoile agus e na phàtran air iomadh iomairt foghlaim.

'S e a Sgoil Shamhraidh Foghlaim tè de na h-iomairtean foghlaim as ainmeil a tha a-nise na ceathramh bliadhna. Chuireadh air chois i ann an 2002, chaidh a stèidheachadh gus cothrom a thoirt do thidsearan àrd-sgoile eachdraidh agus na Beurla coinneachadh gach bliadhna ri sgrìobhadairean is luchd-eòlais cliùiteach agus iad a' deasbad phuingean cudthromach a' chuspair aca agus a' lorg bheachdan ùra airson an teagaisg aca. 'S e fear de na prìomh amasan aige a bhith a' daingneachadh cho cudthromach 's a tha e a bhith a' sgaoileadh fiosrachadh agus gaol an ionnsachaidh mar bhun-stèidh airson foghlam math; agus chan ann a-mhàin a bhith a' togail sgilean agus faighinn tro dheuchainnean.

'S e a Sgoil Shamhraidh Foghlaim tè de na h-iomairtean foghlaim as ainmeil a tha a-nise na ceathramh bliadhna. Chuireadh air chois i ann an 2002, chaidh a stèidheachadh gus cothrom a thoirt do thidsearan àrd-sgoile eachdraidh agus na Beurla coinneachadh gach bliadhna ri sgrìobhadairean is luchd-eòlais cliùiteach agus iad a' deasbad phuingean cudthromach a' chuspair aca agus a' lorg bheachdan ùra airson an teagaisg aca. 'S e fear de na prìomh amasan aige a bhith a' daingneachadh cho cudthromach 's a tha e a bhith a' sgaoileadh fiosrachadh agus gaol an ionnsachaidh mar bhun-stèidh airson foghlam math; agus chan ann a-mhàin a bhith a' togail sgilean agus faighinn tro dheuchainnean.

Bha tachartas 2004 soirbheachail a-rithist, agus an dèidh trì bliadhna chòrdadh e ris a' Phrionnsa gun gluaiseadh a Sgoil Shamhraidh air adhart, agus chan ann a-mhàin air sgàth 's gu bheil e coltach gun do sheall e agus gun do lìon e beàrn sa mhargaidh. Mar thoradh air seo, an dèidh sgrùdadh so-dhèanamh air dòighean leasachaidh airson na Sgoile, thòisich obair mu thràth gus dèanamh cinnteach gum faigh barrachd thidsearan an cothrom buannachd fhaighinn aiste.

A thuilleadh air a bhith a' toirt àrdachadh-inntinn do thidsearan, an-uiridh thug a Mhòrachd Rìoghail cuireadh gu ceannardan bunsgoile a thighinn gu fàilteachadh aig Highgrove gus taing a thoirt dhaibh airson na h-obrach aca agus na tha iad a' toirt dhan choimhearsnachd. Bha na ceannardan air tighinn à àireamh de sgoiltean a th' air a dhol am feabhas, ainmichte ann an Aithisg Bhliadhnail Ofsted 2002-2003. Aig an fhàilteachadh bhruidhinn Am Prionnsa ri aoighean mu cheistean mòra na dreuchd làitheil aca, coltach ri smachd, meud sgoile, mar a tha an clàr-sgoile ag atharrachadh, obair phàipear agus deuchainnean.

Bha Dàibhidh Bell am measg na bha aig Highgrove, Àrd-Sgrùdaiche Sgoiltean, a thuirt gun robh e cudthromach an obair air leth a bhios searbhantan a' phobaill a' dèanamh aithneachadh. Thuirt Cairistiona Ghreumach, Ceannard Sgoil Choimhearsnachd na Pàirc Falla ann an Gateshead, gun robh an cuireadh air toileachas a thoirt do phàrantan agus sgoilearan na sgoil aice. "' Tha sinn ann an sgìre a tha uabhasach bochd agus tha e a' ciallachadh mòran do dhaoine gu bheil Am Prionnsa Tèarlach ag aithneachadh ar n-obair chruaidh," thuirt i. Tha fhios aig an t-sluagh gum faod an àrainneachd fhiosaigeach anns a bheil sgoilearan ag ionnsachadh a bhith na bacadh no na cuideachadh dhan leasachadh aca, agus tron bhliadhna thadhail a Mhòrachd Rìoghail air dà sgoil a thug spionnadh às ùr dhan sgoil agus dhan choimhearsnachd ionadail le ùrachadh agus sgeadachadh.

Ann an Iuchar 2004, shiubhail e gu Eltham gus Gàrradh Cill-mhanaich ùr fhosgladh aig Bunsgoil Deansfield agus rinn e cuairt timcheall an lios-àraich a chaidh ùrachadh. Bha ùidh mhòr aig a' Phrionnsa sa ghàrradh air sgàth 's gur e a bha mar bhun-bheachd dha iomadachd diofar chreideamhan – gu sònraichte Creideamh nam Buddach, Islam agus Crìosdaidheachd- agus chaidh a dhealbh le club gàirneilearachd fo stiùireadh Marjk Hoare, sean sgoilear Urras a' Phrionnsa airson na h-Àrainneachd Togte.

Chaidh an gàrradh a chruthachadh chan ann a-mhàin gus àite sàmhach a thoirt dhan chloinn san raon-cluiche ach cuideachd air adhbharan practigeach. Tha e a' gabhail a-steach lios ghlasraichean, rud a thug toileachas dhan Phrionnsa a thuirt gun robh cruaidh fheum ann gun stèidheachadh sgoilearan " ceangal ris an ùir agus gum faigh iad a-mach cò às a tha ar biadh a' tighinn."

Ann an t-Sultain an-uiridh dh' fhosgail a Mhòrachd Rìoghail Sean Sgoil Bheilmont ann am Beul Feirste, Èirinn a Tuath, togalach clàraichte ainmeil a chuireadh air ais ann an cor brèagha airson dachaigh a dhèanamh do ghnìomhan sgoile agus don choimhearsnachd ionadail. An dèidh an fhosglaidh, choinnich Am Prionnsa ri luchd-obrach agus sgoilearan air a' chiad latha den teirm-sgoile ùr. Bha a' choinneamh aig Sgoil Bheilmont mar phàirt de thuras dà latha dhan Mhòr-Roinn a rinn a Mhòrachd Rìoghail.

“Tha cruaidh fheum ann
gun stèidhich sgoilearan
ceangal ris an ùir 's gum faigh
iad a-mach cò às a tha
ar biadh a' tighinn.”

Prionnsa na Cuimrigh, 2004

SGILEAN TRADISEANTA

A BHARRACHD AIR A CHUID OBRACH ANN AN IOMAIRT AN FHOGHLAIM ANNS NA BEAGAN BHLIADHNAICHEAN A CHAIDH EACHAD THA MIANN AIR A BHITH AIG PRIONNSA NA CUIMRIGH BARRACHD TEAGASG ANN AN CEÀIRD TRADISEANTA A BHROSNACHADH. THA SEO MAR OIHRP GAINNEAD LUCHD-CIÙIRD SGILEIL A LÌONADH ANN AN GNÌOMHACHASAN TOGAIL.

MAR THAIC DHAN IOMAIRT SEO THADHAIL A MHÒRACHD RÌOGHAIL AIR CAISTEAL FYVIE ANN AN SIORRACHD OBAR DHEATHAIN (AIR AN TAOBH CHEART) GUS COINNEACHADH RI LUCHD-TOGAIL, CLACHAIREAN AGUS SGLÈATAIREAN A' TÒISEACHADH ANNS A' CHIAD IONAD TRÉANAIDH AIRSON CIÙIRD THRAIDISEANTA SAN DÚTHAICH. BIDH CLACHAIREACHD, SAORSAINNEACHD, CUMAIL GÀRRADH AGUS SEALLADH-TÌRE, GLÈIDHTEACHAS, AGUS SGILEAN DÙTHCHAIL TRADISEANTA MAR TOGAIL CEUM AGUS SEAN GHÀRADH CLOICHE AM MEASG NAN CÙRSAICHEAN A BHIOS RIM FAOTAINN AIG AN IONAD.

TRON BHLIADHNA SHIUBHAIL AM PRIONNSA GU YORK AIRSON SÀR-IONAD CHLACHAIREACHD FHOSGLADH AIG COLAISTE YORK. BHEIR AN T-IONAD, 'S E AG AMAS AIR GACH PÀIRT DE CHLACHAIREACHD A THEAGASG, SEACHAD A' BHÙTH-OBACH AS ÙIRE LE INNEALÁN A DH'OBRAICHEAS CLACH AGUS SÀIBH A GHABHAS PRÒGRAMADH.

MHÌNICH MARC ELLINGTON, CO-ÒRDANAICHE PRÒISEICT CAISTEIL FYVIE ANN AN ALBA CHO GARBH 'S A BHA A' GHAINNE DE LUCHD-CIÙIRD 'S E AG RÀDH: THA AN DÌTH TRÉANAIDH DE LUCHD-CIÙIRD ANN AN SGILEAN TRADISEANTA AIR AR TOIRT GU ÌRE ÈIGINNEACH AGUS A' BHUAIDH MU THRÀTH AIR AN FHEADHAINN A BHIOS AG OBAIR ANN AN TOGAIL AGUS GLÈIDHTEACHAS EALLADH-TÌRE, CUMAIL SUAS AGUS CÀRADH.

GNÌOMHACHASAN CIALLACH

Leis an ùidh a bha aige riamh ann an gnothaichean coimhearsnachd agus a cheanglaichean dlùth le daoine cliùiteach bho shaoghal a' ghnìomhachais, tha deagh chothrom aig Prionnsa na Cuimrigh an inbhe aige a chleachdadh gus cur ri leasachadh ann an iomairtean uallaich shòisealta san Rìoghachd Aonaichte agus thall thairis. Tha e a' creidsinn gun tèid aig an roinn phrìobhaideach air diofar dhà-rìreabh a dhèanamh do iomadh ceist agus duilgheadas a tha mu choinneamh choimhearsnachdan.

Thòisich Am Prionnsa a' dèanamh barrachd gus cleachdaidhean ghnìomhachasan ciallaich a bhrosnachadh ann an 1985 nuair a dh' aontaich e a bhith mar Cheann-Suidhe air Gnìomhachas sa Choimhearsnachd (BITC), a tha a-nise na lionradh le ballrachd de 700 gnìomhachas a tha creidsinn gum faod iad cur ris a' chomann. Còig bliadhna an dèidh sin chuir a Mhòrachd Rìoghail air chois The Prince of Wales's International Business Leaders Forum (IBLF) gus brosnachadh a thoirt do ghnìomhachasan feadh an t-saoghail a bhith ag obair còmhla airson fuasgladh do bhoichdainn, anaceartas sòisealta agus trioblaidean na h-àrainneachd.

Ann an 1996, chuir e air chois In Kind Direct, cathrannas a tha mar taigh-rèiteachaidh airson stuth a bharrachd a tha air fhàgail aig companaidhean a thèid ath-sgaoileadh gu cùisean airidh agus buidhnean saor-thoileach feadh na Rìoghachd Aonaichte. Tha seo cuideachd a' ciallachadh nach fheum an stuth a dhol ann an òtrach fon talamh. Anns an eadar-ama, fhuair na buidhnean seo, leithid Scottish Business in the Community air a bheil e na cheann-suidhe, uile buannachd à beachdan, àrdachadh-inntinn agus maoin a' Phrionnsa.

Tha e air a bhith aig teis-meadhan a' phrògram Seeing is Believing (SIB) a bhith a' toirt brosnachadh do ghnìomhachas fuasgladh fhaighinn airson trioblaidean sòisealta airson ùine mhòr. Chuir Am Prionnsa air chois i ann an 1990, agus an-uiridh chaidh taghadh de thachartasan a chumail gus sealltainn do cheannardan gnìomhachais agus feadhainn eile a bhios a' toirt seachad beachdan mar a dh' fhaodadh iad buaidh mhath a thoirt air an coimhearsnachdan ionadail gu dìreach.

Anns an Ògmhios, chum a Mhòrachd Rìoghail fàilteachadh airson luchd-gnìomhachais às an Rìoghachd Aonaichte agus às an Roinn Eòrpa aig Taigh Clarence agus e ag amas air barrachd chompanaidhean à mòr-thìr na h-Eòrpa a bhrosnachadh gus pàirt a ghabhail ann an Seeing is Believing. Tha an iomairt "Engage in Europe" ga co-ruith leis a' BITC agus an IBLF le am buidhnean com-pàirteach feadh na h-Eòrpa.

Aig an fhàilteachadh mhìnich Am Prionnsa gun tàinig bhun-bheachd toiseach-tòiseachaidh airson "Engage in Europe" thuige ann an 1997 an dèidh dha tadhal air raon-taigheadais ann am Paris. Chuir e ceist air BITC an biodh e comasach a phrògram Seeing is Believing a dhèanamh a-rithist thall thairis. Dh' adhbharaich an t-iarrtas gun deach co-labhairtean a stèidheachadh gu cunbhalach ann am prìomh bhailtean na h-Eòrpa agus lean seo air adhart gu iomairt "Engage in Europe" air a stiùireadh le dithis àrd-cheannard gnìomhachais Eòrpaich: Francesco Vanni D'Archirafi, ceannard Global Transaction Services airson Eòrpa, an Iar-Mheadhanach agus Afraga a th' aig Citigroup, agus Mike Rake, ceann-suidhe eadar-nàiseanta KPMG.

Chuir an International Business Leaders Forum (IBLF) aig a' Phrionnsa cuideachd co-labhairt air dòigh aig Taigh Clarence anns an Dùbhlachd air fuasgladh dhan chruaidh-chàs uisge anns na h-Innsean, far an mhìnich Am Prionnsa do riochdairean bho chompanaidhean mar Shell agus GlaxoSmithKline agus oifigich bho bhuidhnean-cathrannais mar WaterAid agus Wells for India mar a dh'fhaodadh gnìomhachas cobhair a dhèanamh air an droch shòlarachadh uisge agus gainne shlàintealachd anns na h-Innsean.

Aig a' cho-labhairt chum luchd-frithealaidh deasbad mu mholaidhean gus com-pàirteachas ùr a stèidheachadh de bhuidhnean poblach, prìobhaideach agus cathrannas airson fuasgladh a lorg. Mhìnich Am Prionnsa mun adhbhar a bha e a' faireachdainn gum feumadh e rudeigin a dhèanamh. " Chan eil mi airson gun tòisich na h-oghaichean agam gam chàineadh is iad ag ràdh 'Carson nach do rinn thu càil mu dhèidhinn?'"

Aig tachartas-tòiseachaidh luachmhor eile dhan deach a Mhòrachd Rìoghail chaidh an IBLF International Tourism Partnership a chur an cèill anns an t-Samhain 2004, prògram ùr a tha ag amas air dòigh-dèiligidh nas fhèarr dhan àrainneachd agus nas maireannach a bhrosnachadh ann an turasachd feadh an t-saoghail. Aig an tachartas-tòiseachaidh, dh' innis a Mhòrachd Rìoghail dha luchd-èisteachd anns an robh riochdairean

bho UNICEF, The World Wide Fund for Nature (WWF), Marriott Eadar-Nàiseanta, agus Hilton Hotels, gum faodadh gnìomhachas turasachd an t-saoghail cur ris "an àrainneachd, fasdadh, leasachadh eacanomaigeach ionadail agus an àrainneachd togte."

Anns a' Chèitean 2004, bhruidhinn Am Prionnsa aig an Islamic Financial Services Industry and Global Regulatory Summit ann an Lunnainn far an do dh' iarr e air gnìomhachas nam bancaichean barrachd a dhèanamh gus cuideachadh a thoirt do luchd-tionnsgain òg Muslamach. Aig a cho-labhairt, a chaidh a cho-ruith le IBLF, chum luchd-frithealaidh deasbad air dòighean taic-airgid a thoirt do luchd-gnìomhachais Muslamach gun a bhith a' briseadh phrionnsabalan Islam a tha a' crosadh do Mhuslamaich riadh fhaighinn no a phàigheadh. A bharrachd air an obair seo aig an IBLF, tha Urras a' Phrionnsa air a bhith a' toirt seachad iasadan do Mhuslamaich òga gus gnìomhachas a thòiseachadh a tha a' cumail ri prionnsabail Islamach.

Anns a' Mhàirt 2005, ann an Astràilia chuir Am Prionnsa "Melbourne Cares" air bhog, sgeama uallaich sòisealta a tha ag amas air brosnachadh a thoirt do ghnìomhachas, cobhair a dhèanamh air coimhearsnachdan fìor-bhocd le a bhith a' brosnachadh an luchd-obrach obair shaor-thoileach a dhèanamh. Chuireadh prògram Cares air chois gus eisimpleir fear de phrògraman Business in the Community a leantainn san Rìoghachd Aonaichte nuair a chaidh aithneachadh nach robh buidheann ann an Astràilia a dhèanadh e furasta do ghnìomhachas cuideachadh a thoirt dhan choimhearsnachd fharsaing. Thathar an dòchas ann an Astràilia gum bi am prògram mar bhun-stèidh airson buidheann nàiseanta.

DEISEIL AIRSON OBAIR



CHOINNICH AM PRIONNSA RI DAOINE GUN DACHAIGH AGUS E A' TADHAL AIR AN SKYLIGHT CAFÉ ANN AN LUNNAINN (AIR AN TAOBH CHEART). FHUAIR NA DAOINE SIN TAIC BHON PHRÒGRAM "DEISEIL AIRSON OBAIR" A BHÌOS GNÌOMHACHAS SA CHOIMHEARSNACHD A' RUIHTH. FON SGEAMA GHEIBH DAOINE GUN DACHAIGH AN COTHROM FHAIGHINN A-STEACH (NO FHAIGHINN A-STEACH A-RITHIST) GU MARGADH OBRAICHEAN AGUS GHEIBHEAR TRÉANADH PROIFEISEANTA, CO-DHIÙ COLA-DEUG DE GHREIS-OBRAICH, OIDEACHADH OBRAICH LEANTAINNEACH AGUS LÌONRADH TAICE.

BHA PÒL AM MEASG NAN DAOINE GUN DACHAIGH AGUS BHA AN EACHDRAIDH AIGESAN CUMANTA AIRSON FEADHAINN AIR PRÒGRAM BITC. BHA PÒL NA STIÙIRICHE AIRSON COMPANAIDH IONMHAIS AINMEIL ANNS NA STÀITEAN AONAICHTE ACH AN DÉIDH TROMAD-INNTINN A BHUALADH, AIR A BHEIL ' TINNEAS BIPOLAR', CHAILL E OBAIR, A BHEAN AGUS A DHACHAIGH.

CHUM BEATHA PHÒIL A' RUIHTH A-MACH AGUS DH'ADHBHARAICH BUAIDH LEANTAINNEACH AN TINNEAS AIGE GUN DO CHUIR E SEACHAD GREIS SA PHRÌOSAN. NUAIR A FHUAIR E A-MACH CHUALA PÒL MU "DHEISEIL AIRSON OBAIR", AGUS AN DÉIDH GREIS-OBRAICH DE CHOLA-DEUG AIG CISCO SYSTEMS, THÒSICH E AIR DREUCHD ÙR ANN AN TEICNEOLAS FIOSRACHAIDH.

AN ÀRAINNEACHD NÀDARRA

Tha Prionnsa na Cuimrigh air a bhith a' sealltainn gu bheil ùidh mhòr phearsanta aige ann an ceistean na h-àrainneachd airson bhliadhnaichean. Bidh e a' tilleadh dha na cuspairean a leanas gu tric: feum air leasachadh a tha buan, maoireachd chiallach air ar goireasan nàdarra agus co-obrachadh domhanta a chuireas dìon air ar dìleab àrainneachd gus an tèid an saoghal a thoirt don ath-ghinealach ann an cor a bhios cho math 's a ghabhas.

B' e feum air co-obrachadh eadar-riaghaltais nas motha gus an àrainneachd a dhion fear de na teachdaireachdan as motha a dh' èirich à co-labhairt a chaidh a chumail ann an Lunnainn an-uiridh airson deich bliadhna de Phrògram Gnìomhais agus na h-Àrainneachd aig Prionnsa na Cuimrigh a chomharrachadh. Chuireadh air chois e ann an 1994 gus cuideachadh a thoirt do chompanaidhean beachdan leasachaidh buain fhilleadh a-steach le cleachdadh agus dòighean-smaoineachaidh a' ghnìomhachais aca. Chomharraich Gnìomhachas agus an Àrainneachd a' chiad deich bliadhna aige le bhith a' toirt cuireadh dhan Fhìor Urramach Tonaidh Blair BP, Am Prìomh Mhinistear, bruidhinn ri 400 ceannard gnìomhachais agus neach-àrainneachd aig Taigh na Cuirm aig Westminster anns an t-Sultain.

Na òraid, thuirt am Prìomh Mhinistear gur dòcha gum faiceadh a' phlanaid "mòr-thubaist" mur a dèanadh an saoghal obair còmhla gus dèiligeadh ri atharrachadh side. Thuirt e gun robh sgaoileadh ghasaichean an taigh-ghlainne ag adhbharachadh blàthachadh na cruinne "aig astar... nach eil gu simplidh gu bhith buan san fhad-ùine."

Chaidh cudthromachd rabhadh a' Phrìomh Mhinistear ath-ghairm le Mhòrachd Rìoghail a thagh sgrìos stoc èisg an t-saoghail "'a tha na thruaighe thàmailteach'", bho iomadh dùbhlán àrainneachd a tha mu choinneamh na planaid. Tha Am Prionnsa air iomairt a dhèanamh airson iomadh bliadhna feuch a bheil dòigh ann iasgach malairteach a dhèanamh nas buain, bhruidhinn e air a' chuspair seo na bu thràithe air a' bhliadhna nuair a thadhail e anns a' Ghiblean 2004 air Plymouth ann an Devon. Bha e a' cur pròiseact ùr "Invest in Fish" air bhog, a stiùireas cabhlach iasgaich an Iar-Dheas.

Thug iasgairean, luchd-glèidhteachais agus luchd-reic mar Marks & Spencer an taic don phròiseact. Thuirt a Mhòrachd Rìoghail 's e a' cur na pròiseact air bhog gun robh e fìor chudthromach raointean dìonta a chruthachadh ann an uisgeachan Bhreatainn gus stoc an èisg agus àrainneachd na mara a shlànachadh.

Chan e a-mhàin gu bheil dòighean iasgaich nuadh a' cur stoc èisg-mhara ann an cunnart ach cuideachd 's urrainn dhaibh sgrìos a dhèanamh air an eag-siostam nas motha. Tha an albatross, mar eisimpleir, ann an cunnart a dhol a-mach à bith air sàileabh iasgach le driamlach fhada gun chùram agus e air a mheasadh gu bheil an t-iasgach sin a' cur às do 100,000 eun gach bliadhna. Anns a' Ghiblean 2004, thug Am Prionnsa seachad òraid aig Oilthigh Heriot-Watt ann an Dùn Èideann is e ag iarraidh air dùthchannan feadh an t-saoghail an ainm a chur ri aonta air Glèidhteachas nan Albatross agus nan Eun Fionn.

Chan eil ach aon raon àraich airson nan albatross air tìr mòr san t-saoghal agus tha sin ann an New Zealand. Anns a' Mhàirt am bliadhna thadhail a Mhòrachd Rìoghail air Ionad Rìoghail nan Albatross ann an Ros Otago. An dèidh iongnadh a ghabhail le na h-eòin - fhuair e cho faisg ri trì troighean ri màthair is a h-isean anns an nead- bhruidhinn Am Prionnsa gu togarrach air an fheum airson gnìomhan feadh an t-saoghail gus a' ghnè a dhion. "Tha mi ga fhaighinn duilich gabhail ris gum faodadh, aon latha, na h-eòin seo a bhith air an call gu bràth," thuirt e. "Dhomhsa, dh' fhaodadh an albatross a bhith mar deuchainn dheireannach, agus sinn fhìn mar ghnè, a bheil sinn a' cur luach ann an glèidhteachas: obrachadh a-mach an urrainn dhuinn a bhith beò còmhla ri gach gnè eile".

Tron bhliadhna chum a Mhòrachd Rìoghail a thaic cuideachd ri iomairtean gus a' choille-uisge ann an Indonesia a shàbhaladh bho sgrìos. Aig fàilteachadh aig Taigh Clarence anns an Ògmhios airson BirdLife Eadar-Nàiseanta, choinnich e ri riochdairean bho Riaghaltas Indonesia agus prìomh bhuidhnean nan eun gus deasbad a chumail air an dùbhlán a th' ann coille-uisge Sumatra a dhion.

DUCHY ORIGINALS

Thòisich Prionnsa na Cuimrigh a chompanaidh bidhe fhèin, Duchy Originals, ann an 1992 nuair a chuir e a' chiad bhathar air bhog- briosgaid air a dhèanamh le cruithneachd agus coirce a bh' air togail gu fàs-bheairteach air a' Home Farm aig Highgrove. Bhon uair sin, tha an companaidh air a dhol mar fhear de na companaidhean bidhe is dibhe nàdarra agus fàs-bheairteach as ainmeil agus as soirbheachail san Rìoghachd Aonaichte. Bidh còrr is 140 bathar eadar-dhealaichte a' dèanamh reic bliadhna de cha mhòr £40 millean.

Nuair a chaidh a Mhòrachd Rìoghail gu oighreachd Highgrove an toiseach tràth sna 1980an bha ùidh aige mu thràth ann am prionnsabail dhòighean a bhiodh buan agus àiteach fàs-bheairteach. Ann an 1986, chaidh planaichean fàs-bheairteach a chur an gnìomh agus thòisich air Highgrove agus an Duchy Home Farm a tha mu thimcheall a dhèanamh freagarrach. Ann an 1990, dh'òrdaich Am Prionnsa rannsachadh air am biodh e comasach àireamh bheag de dh' iomairtean beaga malairteach a ruith airson airgead a thogail dha na cùisean cathrannach aige. Dà bhliadhna an dèidh sin chuireadh a' chiad bhathar aig Duchy Originals air bhog.



Prionnsa na Cuimrigh agus Am Prionnsa Uilleam leis an treud de chroth Shiorrachd Air aig Home Farm.

Air a' chò-dhùnadh a ghnìomhachas fhèin a stèidheachadh, thuir Am Prionnsa: " B' e piseach a thoirt air an àrainneachd agus air slàinte na h-ùireach le dòighean àitich a bhiodh buan a bha fainear dhomh sa chiad dol a-mach ann a bhith a' tòiseachadh a' chompanaidh. San dara àite, gus dearbhadh nam buannachd a th' ann am margaideachd àrd-luach. Agus san treas àite tuathanaich a dheisealachadh airson na tha ri thighinn is sin gu math mì-chinnteach. Le gach bathar a th' againn dh' fheuch mi ri sgeul innse agus 'cearcall deagh-bheusach' a chruthachadh cho fad 's as urrainn dhomh."

An-diugh, tha an fhèill mhòr air a' bhrannnd a' ciallachadh gun do choilean Duchy Originals ann an 2004-05 an dàrna prothaid bliadhna aca an dèidh a chèile. Dh' adhbharraich sin gun tug an companaidh prothaid de chòrr is £4.5 millean do Bhuidheann Chathrannach Prionnsa na Cuimrigh.

Ag obair le feadhainn de na prìomh bhuidhnean saothrachaidh agus luchd-dèanaidh bidhe san dùthaich, tha iomadh bathar a choisinn duaisean anns an taghadh aig Duchy Originals a-nise. Tha gach bathar air a dhèanamh anns an Rìoghachd Aonaichte agus, nuair a ghabhas a dhèanamh, gheibhear na gritheidean san dùthaich seo, eadar mil Albannach agus lus an leanna à Kent. Tha cha mhòr an treas pàirt den taghadh fàs-bheairteach aig Duchy Originals air a dhèanamh de ghritheidean a fhuairadh air Home Farm.

Anns an 13 bliadhna a chaidh seachad tha an companaidh air leudachadh gus taic a thoirt dha fàs buan eile. Mar eisimpleir, bidh Duchy Originals ag obair còmhla ri Comhairle Maoireachd na Mara (MSC) gus taic a thoirt gu iasgach buan. Bidh iad cuideachd a' toirt gu aire dhaoine gum feum an gnìomhachas iasgaich ionadail a bhith air a ghlèidheadh ann am Breatainn.

Thòisich an com-pàirteachas le MSC an dèidh do Phrionnsa na Cuimrigh tadhal air Padstow sa Chòirn far an tug e an inbhe àrainneachd aig MSC dhan iasgaireachd ionadail, Handline. Ann am Padstow bidh na hiasgairean ag iasgach ann an uisgeachan faisg air tìr agus cha ghlac iad iasg nas motha de 20cm ann am meudachd. Tha an cleachdadh seo a' glèidheadh stoc an èisg agus cuideachd a' dìon beòshlaint nan iasgair ionadail agus àrainn an èisg ann an uisgeachan na h-oirthir. Bidh na h-uisgeachan seo ag àrach rionnach airson na pàtè rionnach aig Duchy Originals.

Ann an 2003, leudaich an companaidh a-mach gu bathar eile a bharrachd air biadh fon ainm Duchy Collection, le taghadh de dh' àirneis airson a-muigh a' cleachdadh geamhchnò bhuan bho oighreachd Duchy na Còirn ann an siorrachd Hereford. Thàinig an smuain, àirneis a dhèanamh, bhon Phrionnsa, a bha ag iarraidh coilltearachd bhuan a bhrosnachadh. Ann an 2005, thòisich Duchy Originals cruinneachadh de bhathar cùram fuil is bodhaig air an dèanamh le sùgh nàdarra luibhean agus olaichean de bhrìgh fhàs-bheairteach.

An-diugh, tha Duchy Originals fhathast a' cumail gu dlùth ri miann tòiseachaidh a' Phrionnsa cearcall deagh-bheusach a chruthachadh, far a bheil prothaid air a dhèanamh do chathrannas le gnìomhachas a tha a' dèanamh biadh nàdarra, àrd-inbhe agus bathar eile agus aig an aon àm a' cuideachadh gus an àrainneachd nàdarra a dhìon agus a ghlèidheadh.

Bidh bainne bhon chroth
Shiorrachd Àir a' dol a-steach gu
Bainne Fàs-Bheairteach Highgrove.



AN ÀRAINNEACHD TOGTE

Tha a' mhiann a th' aig a' Phrionnsa an àrainneachd nàdarra a ghlèidheadh agus a dhìon cho mòr ri ùidh san àrainneachd togte agus a buaidh air beatha dhaoine. A' coimhead air adhart, tha Am Prionnsa a' creidsinn gum bu chòir barrachd a bhith air a dhèanamh sgìrean cathaireil le tomhas dhaoine a chruthachadh. Sgìrean a bhios a' brosnachadh faireachdainn choimhearsnachd agus uail àite agus mar sin a' toirt seachad leigheas do thrioblaidean sòisealta mar mhilleadh agus dùnadh a-mach sòisealta. Le meas airson eachdraidh, tha a' Mhòrachd Rìoghail cuideachd a' creidsinn gum bu chòir taic a thoirt gu ath-bheothachadh agus ath-leasachadh dualchas ailtearachd a tha nise bàn agus air a chur an suarachas. Tha seo an dà chuid airson toglaichean agus àitean eachdraidheil a shàbhaladh airson na dùthcha agus gus cuideachadh le ath-chruthachadh airson cleachdadh malairteach no àite còmhnaidh.

Gus a bheachdan agus a phrionnsabail a chur an gnìomh chruthaich A Mhòrachd Rìoghail Poundbury, leudachadh air baile Dorchester ann an Dorset. Cuideachd chuir e air cois a bhuidheann chathrannach Stèidheachd a' Phrionnsa airson na h-Àrainneachd Togte, an aon stèidheachd san Rìoghachd Aonaichte a bhios a' coimhead gu sònraichte air seirbheisean foghlaim agus comhairleachaidh airson leasachadh mòr cathaireil no pròiseactan ath-chruthachaidh.

Aig Poundbury, tha Am Prionnsa air a bhith ag amharc thairis air leasachadh baile beag ùr bho 1993 a chaidh a dhealbhadh gu sònraichte airson math nan daoine a bhios a' fuireach agus ag obair ann. 'S e brìgh Poundbury cleachdaidhean talmhainn fhilleadh a-steach le chèile. Ao-choltach ri cleachdaidhean roinnte a chunnacas anns na bliadhnaichean an dèidh a' Chogaidh bidh obair, cur-seachad, foghlam, bùithtean uile gam measgachadh a-steach le taighean. Tha measgachadh de thaighean saor ruigsinneach agus prìobhaideach ann. Tha àite ann do chàraichean ach iompaidh ga chur orra le sràidean cama-lùbach agus iad air an cumail gu pàirceadh gu cùl nan taighean. Thathar a' cur barrachd suim ann am falbh le baidhsagal no coiseachd agus bidh inbhe sealladh tìre a' faighinn prìomhachas.



A Mhòrachd Rìoghail a' tadhal air Taigh Dolbelydr, pròiseact ath-bheothachaidh a tha an Landmark Trust a' stiùireadh, ann an Trefnant, a' Chuimrigh. *Taing dhan Landmark Trust*

Tha a' bhuil cho soirbheachail gun deach Poundbury a mholadh mar mhodail airson fàs ùr leis an Rìoghaltas. Anns an t-Sultain chaidh Am Fìor Urramach Keith Hill BP, Ministear airson Taigheadais agus Dealbhachaidh a thoirt air cuairt timcheall Poundbury le Mhòrachd Rìoghail. Bha a' chuairt seo mar phàirt de sreath a chuir Am Prionnsa air dòigh ann an 2004 gus adhartas an leasachaidh a shealltainn a mhair 25 bliadhna agus cothrom ann na beachdan air a chùlaibh a dheasbad.

An dèidh na cuairt, thuirt Mgr Hill: "Tha Poundbury dhomhsa coltach ri coimhearsnachd agus 's e teachdaireachd a tha sin a bu mhath leinn a thoirt dhan dùthaich air fad- seo an dòigh air adhart." Thuirt Mgr Hill gun do mhinich Am Prionnsa dha nach robh e a' moladh gum biodh "coltas" Phoundbury ga chleachdadh ann an àitean eile dìreach feadhainn de na prionnsabail a bha ga threòrachadh. Mar a chuir Mgr Hill e: "Tiughachd àrd, gus nach toir sinn cus bhon dùthaich; cleachdadh measgaichte, factaraidhean agus oifisean taobh ri taobh le taighean air màl 's taighean air an ceannachd; agus cleachdadh stuthan fìor mhath- seo na prionnsabail a bu thoil leinn sgaioleadh anns an dùthaich air fad."

Rinn a Mhòrachd Rìoghail cuairtean do bhuidheann de 25 Ball Pàrlamaid, do bhuidheann luchd-leasachaidh thaighean a chuireadh air dòigh le cathrannas Cobhair Iùdhach an t-Saoghail agus am Fìor Urramach Gordon Brown BP, Ceannard an Ionmhais.

Thathar cuideachd a' cleachdadh nam prionnsabal planaidh agus dealbhachaidh aig Pounbury ann an leudachadh baile eile air fearann Duchy na Còirn. Anns an t-Sultain 2004, thadhail Am Prionnsa air an raon anns a bheil 250 acair-fearainn, taobh a-muigh Newquay, sa Chòirn. Fhuair e mach mar a bha plana leasachaidh an raoin a' tighinn air adhart agus choinnich e ri buill de na sia buidhnean-obrach a bha aig an àm a' deisealachadh airson sgeama comhairleachaidh "Enquiry by Design" a tha air a ruith le The Prince's Foundation for the Built Environment.

Thòisich an Stèidheachd Enquiry by Design mar dhòigh air muinntir an àite fhaighinn an sàs bhon toiseach-tòiseachaidh ann an iartasan leasachaidh le a bhith a' cur feumalachdan agus dòchais dhaoine aig cridhe an dealbhachaidh. Chaidh beachdachadh air plana no dhà airson na sgìre, nam measg taighean saora do muinntir an àite tro mheasgachadh de chòir-fearainn (màl, stoc-roinn ann am pàirt, fearann saor), àite obrachaidh agus bunsgoil ùr. Nuair a choinnich e ri na buidhnean bho phròiseact Newquay, bhruidhinn Am Prionnsa mu cho toilichte 's a bha e leis na bha iad a' dèanamh. Dh' innis e dhaibh: " Nam bharrail-sa, chan urrainn dhuinn àiteachan soirbheachail agus buan a thogail gun a bhith a' faighinn beachdan muinntir an àite aig ìre an dealbhachaidh."

Aig Poundbury agus Newquay bha e mar ghòir-mhiann coimhearsnachd na bu shàbhailte agus na b' fhallainn a thogail do muinntir an àite, agus leudaich Am Prionnsa air a' chuspair sin aig co-labhairt aig Colaiste Rìoghail nan Lighiche. Thug e seachad òraid air mar a dh' fhaodadh droch phlanadh ann an toglaichean agus bailtean Bhreatainn trioblaidean adhbharachadh ann an slàinte dhaoine.

Na òraid, bhruidhinn a Mhòrachd Rìoghail air iomagain gun robh an àireamh a' dol am meud de dhaoine a bha a' fulang le allergies san Rìoghachd Aonaichte agus mar a thàinig " sick building syndrome" am follais. Thuirt e: " Chì sinn a-nise ma thogas sinn gu dona gun toir e buaidh air slàinte na h-àrainneachd nàdarra agus air ar slàinte fhìn cuideachd."

Bhruidhinn Am Prionnsa cuideachd air na duilgheadasan a thaobh choimhearsnachdan a bha a' cur cus luach ann an càraichean. " Beag air bheag tha sinn a' faicinn ma chuireas sinn càraichean aig cridhe an dealbhachaidh, an àite coiseachd aig a' chridhe a nì nàbachd tarraingeach le tomhas dhaoine, gum bi droch bhuaidh aige sin air mar eisimpleir, reamhrachd, tinneas cridhe, an sac agus tinneas analach."

Cho math ri coimhearsnachdan nas fhèarr a chruthachadh son an àm ri teachd, tha a Mhòrachd Rìoghail cuideachd airson 's gum bi na toglaichean as fhèarr de dhìleab thogte na dùthcha air an glèidheadh. Tron bhliadhna chaidh e gu grunn thachartasan airson faicinn mar a bhathar a' càradh agus a' cur thoglaichean eachdraidheil gu feum ùr.

Anns an Iuchar 2004 thadhail Am Prionnsa air ospadal trèigte bho linn Bhictoria ann an Denbigh ann an taobh a tuath na Cuimrigh, far an robh Urras an Tearc-Eòin aig Prionnsa na Cuimrigh air molaidhean ùra an t-àite a leasachadh a chuir mu choinneamh an t-sluaigh. Tha e mar amas aig Urras an Tearc-Eòin sean toglaichean mòra eachdraidheil ath-chleachdadh agus e gu mòr an sàs ann an oidhirp togalach an ospadail sa Chuimrigh ath-bheothachadh. Anns a' Chèitean 2005 fhuair na planaichean bacadh bhon ùghdarras ionadail.

Am measg thachartasan eile bha turas gu Taigh na Cùirte is Priosan air Rathad Crumlin ann am Beul Feirste a tha clàraichte aig "Ìre A". Thathar an dùil ri ath-leasachadh airson cleachdadh na coimhearsnachd. Rinneadh cuideachd cuairt gu long-lann Chatham san t-Samhain airson 20 bliadhna Urras Long-Lann Chatham a chomharrachadh. Anns an fhichead bhliadhna shàbhail an t-Urras agus chàraich e fear de na cruinneachaidhean as motha de thoglaichean clàraicgte san dùthaich. Tha an làrach anns a bheil 80 acair-fearainn a-nise na dachaigh airson taigh-tasgaidh agus àite luchd-cèilidh, cho math ri àiteachan còmhnaidh agus malairteach le àite airson 100 gnìomhachas beag agus 400 neach-còmhnaidh.

NA H-EALAIN

Tha A Mhòrachd Rìoghail air a bhith, a-riamh, na neach-taic eudmhor dha na h-ealain agus tha e a' creidsinn gu làidir gur e pàirt riatanach de bheatha shìobhalaichte, iol-ghnèitheach a th' ann an òirdhearcas ealanta. A thuilleadh air na prìomh charthannasan ealain –Arts and Business agus The Prince of Wales Arts & Kids Foundation – tha e cuideachd na cheannard no na chùl-taic air mu 30 prìomh bhuidheann ealain RA, bho Companaidh Rìoghail Shakespeare agus an Royal Opera House gun Acadamaidh Rìoghail agus an Orcastra Philharmonia.

Gach bliadhna tha A Mhòrachd Rìoghail ag obair cruaidh gus na buidhnean ealain ris a bheil ceangal sònraichte aige a chumail suas – le bhith a' frithealadh an cuid chonsairtean, a' dèanamh chuirmean dhan luchd-taic aca, agus a' brosnachadh nam prògraman leasachaidh aca. Tha e gu sònraichte airson tuilleadh dhaoine a chuideachadh, gu h-àraidh daoine òga, gus cothrom fhaighinn eòlas a chur air a' chuid as fheàrr ann an ealain na RA.

Le seo san amharc, o chionn dà bhliadhna stèidhich e Arts & Kids. Ag obair le gnòthachasan air feadh na dùthcha, tha Arts & Kids a' toirt cothrom dha clann is daoine òga a dhol an sàs anns na h-ealain chruthachail. 'S e a' bhuidheann fìor chridhe iomairt nàiseanta airson cothrom a thoirt do chlann is daoine òga sa R A a dhol dha-rìribh an sàs ann an ealain, a' gabhail a-steach danns, dràma, opra, litreachas agus na h-ealain sùla; tha na h-amasan aige àrd-aigheach – cothrom a thoirt do millean duine cloinne a bhith an sàs anns na h-ealain ro 2008.

Chaidh tuilleadh adhartais a dhèanamh an-uiridh ann a bhith a' coileanadh a thargaid, nuair a ghabh 13,500 duine cloinne pàirt ann an StoryQuest, a' chiad fhèis sgeulachd nàiseanta dha clann bho aois 10 gu 14. Thug an fhèis, a chaidh a chur air bhog ann an Èirinn a Tuath san t-Sultain 2004, cothrom do mhillean de chlann-sgoile sgeulachdan bho na h-ùghdaran, na bàird is na seanchaidhean a b' fheàrr leotha a chluinntinn, a' toirt a-steach nan rionnagan eadar-nàiseanta, Louis Sachar is Meg Cabot, an t-ùghdar Breatannach, Jacqueline Wilson agus bàrd laibhrichte na cloinne, Michael Morpurgo.

Mar ùghdar leabhair cloinne e fhèin, bha am Prionnsa na fhear-taic làidir dhan fhèis. Thuirt e: “Tro StoryQuest bheir an Arts & Kids Foundation agam cothrom do mhillean de chlann òga a bhith a' beachdachadh air sòlasan fhacal is aithris sgeulachdan”.

Nas fhaide sa bhliadhna fhrithheil A Mhòrachd Rìoghail cuirm choileanaidh Arts & Kids Foundation aig an Acadamaidh Rìoghail ann an Lunnainn, far na dh'fhoillsich Robin Wight, ceann-suidhe Arts and Business, dhe bheil am Foundation na phàirt, gun robh iad, dìreach ann an aon bhliadhna, air targaid na letheach slighe ann a bhith a' cuideachadh millean duine-cloinne a dhol an sàs anns na h-ealain, a choileanadh. “Cha bhiodh seo air tachairt às aonais taic A Mhòrachd Rìoghail,” thuirt e.

B' e tachartas sònraichte eile ann an 2004-05, turas a rinn 30 duine cloinne bho Sgoil a' Phrìory ann an Slough gu Windsor air 30 Ògmhios far na choinnich iad am Prionnsa airson sealladh tearc cùl-chùiseach de Orcastra Simphnidh Lunnainn ag ullachadh airson tachartas ann an Caisteal Windsor. Chaidh a' chlann fhiathachadh le Arts & Kids mar phàirt de “LSO Discovery”, prògram foghlam ealain Orcastra Simphnidh Lunnainn fhèin.

Bha a' bhana-chleasaiche, Patricia Routledge, an làthair aig an ath-aithris agus thàinig i còmhla ris an orcastra airson lèireachadh de “I Am Easily Assimilated” bho Candide Leonard Bernstein mar phàirt de chonsairt shònraichte a chum Am Prionnsa airson ceud bliadhna dhen orcastra a chomharrachadh air an oidhch' ud.

San t-Samhain thug A Mhòrachd Rìoghail seachad na duaisean dha buannaichean Donatella Flick Conducting Competition, tachartas dha bheil Am Prionnsa na chùl-taic. Chaidh a' phrìomh dhuais gu Fabien Gabel, 29, iar-stiùireadair dha Kurt Masur aig Orchestre National de France. Na bu tràithe den bhliadhna bha Am Prionnsa air batan a thogail e fhèin nuair a thadhail e air Colaiste Rìoghail a' Chiùil ann an Lunnainn airson nan duaisean bliadhnail aca. Stiùir A Mhòrachd Rìoghail, a tha na Cheann-suidhe air a' Cholaist, na cluicheadairean is iad a' cluich lèireachadh sgairteil de “O When The Saints Come Marching In”.

San t-Samhain a chaidh fhritheil A Mhòrachd Rìoghail consairt Orcastra Theatre Marlinsky à St Petersburg airson airgead a thogail dhan fheadhainn san Ruis air an tug seisd sgoile Beslan buaidh. An dèidh a' chonsairt, thug Am Prionnsa, a tha na Chùl-taic is na thabhartair de Theatre Marlinsky, taing don h-uile neach a thug taic dhan tachartas, ag ràdh gun robh e an dòchas gun robh iad air “ dòchas is saorsa a thoirt gu baile a chaidh a mhilleadh leis an aingidheachd bu sgreadaidhe is bu mhì-nàdarra.” Thèid airgead bhon chonsairt a roinn gu cothromach eadar Beslan Lifeline Appeal agus prògram ùr cultarail anns na Caucasus.

Na dhreuchd mar Ceann-suidhe A' Bhallet Rìoghail, san t-Sultain, thàinig A Mhòrachd Rìoghail còmhla ri Madame Chirac airson gàla-ballet sònraichte san Opera Garnier ann am Paris mar chuimhneachan air 100 bliadhna den Entente Cordial. B' e siud a' chiad uair a bha Am Ballet Rìoghail is Opera National de Paris air cluich còmhla. Ann an ciad tachartas eile, sa Chèitean 2004, thadhail Am Prionnsa air Sgoil Rìoghail a' Bhallet san Loids' Gheal ann am Pàirc Richmond ann an Surray, airson oileanaich a choinneachadh. B' e seo a' chiad turas dhan sgoil bho ghabh e àite A' Bhana-Phrionnsa Mairead nach maireann, mar a Ceann-suidhe.

TACHARTASAN CARTHANNACH

NUAIR A CHRUTHAICH PRIONNSA NA CUIMRIGH SGOIL DHEALBHÀIDH SAN ÒGMHIOS 2000 BHA E AG AMAS AIR COTHROM A THOIRT DHA DEALBHADAIREAN AN SGILEAN A LEUDACHADH, GU H-ÀRAIDH ANN AN DEALBHADH AMHAIRCEACH, ANN AN ÀRAINNEACHD BHROSNACHAIL, OIDEACHAIL.

CHÀIDH A DHEALAS GUS EALAIN A DHÈANAMH NAS RUIGSINNICHE A LEUDACHADH ANN AN 2004 LE BHITH

A' CUR AIR BHOG PRÒGRAM COIMHEARSNACHD DEIREADH-SHEACHDAINE DHA SGOILEARAN MÌ-SHOIRBHEACH

À BAILTEAN-MÒRA SOUTHWARK IS KENSINGTON & CHELSEA.

THA AM PRÒGRAM, A THA AN-ASGAIDH DHA LUCHD-TÒISEACHAIDH STÈIDHICHTE ANN AN TOGALAICHEAN NA SGOILE, TAIGH-TASGAIDH LEASAICHTE ANN AN SHOREDITCH, TAOBH AN EAR LUNNAINN.

THA ÒGRIDH A' CHÙRSA AIR AN TEAGAISG LE DEALBHADAIREAN PROIFEISEANTA AIR AN TARRAING BHON 40 TIDSEAR SAN SGOIL, CUID DHIUBH BHO PHRÌOMH INSTITIÙDAN LEITHID COLAISTE RÌOGHAIL NAN EALAN, AN ACADAMAIDH RÌOGHAIL IS AN SLADE. THA AM PRÒGRAM COIMHEARSNACHD AIR A DHEARBHADH FHÈIN SOIRBHEACHAIL, A' TOIRT COTHROM DO DHEALBHADAIREAN ÒG TÀLANTACH CÀILEACHD TEAGAISG FHAIGHINN NACH BIODH RI FHAIGHINN NAN SGOILTEAN FHÈIN GU BRÀTH.